6. D.

H.M. 174 (1-2).

Ipso p. 50

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
26 MR
1935

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

# EIGH BHO CHREAG-EILEACHAIDH:

## *(O 'N BHEURLA.)*

AIR A SGRIOBHADH AN DEIGH DOL DO INBHIRNIS AIR SON NA CEUD UAIRE AIR AN RATHAD IARUINN, 'AN CEUD MHIOS AN FHOGHARAIDH, 1864.

Thìr nam Beann, nan Gleann, 's nan Coire,
Nan sruth cas, 's nan tuiltean mòr',
Leinn cha d' shaoil gu'm faict' an càramhs'
Air do fhrìdhean àrd' r'ar beò.

Feuch a nise feachd a's tréine
Na feachd *Chromueill* nan geur-lann—
'S colgarra na feachd Dhiùc Uilleim
'Teachd mar thuil air Tìr nam beann!

'Crasgadh Thatha, 'casgadh Theamhuill,
'Snaigheadh sìos le buillean treun'
Glacan beithe Coille-Chragaidh,*
'Magadh air an cliù o chéin!

Ainmean caomh'! Ach dh' fhalbh an druidheachd!
Chuinn 'g an éigheach gill' an Ròid,
Blàr-an-Adholl! Dail-an-Spideil!
Feuch Dail-Chuinnidh! † Agaidh-mhòr!

Gairidh druidt' le tòrr 'us daingnich,
Steud sinn suas 'n ar deann r'a taobh,
'Fuadachadh a chaoidh o 'lochan
Codal tosdach nan linn aosd'.

---

* Coille-chnagaidh (?) † Dail-Choinneimh (?)

Bàideanach nan gaillionn fiadhaich,
Anns an lìonmhor liath-chlach mhòr,
'S carragh-cuimhne bhlàran fuilteach—
Uaigneach cha bhi 'cnuic ni's mò.

Ghluais sinn tosdachd chian nan àrd-bheann,
'Steudadh sìos an gleann le gaoir,
Air Srath-Spé 'us Ratamhurchuis—
Frìdhean àrd' nan giuthas aosd'.

'Mhuc 's an Torc* theich as 'n an deann-ruith!
Beinn ri beinn gu teann a' strì!
Sgòrr, 'us creag, 'us sliabh a' ruidhleadh—
'S gann a "sheas Creag-Eileachaìdh!"†

'S a' Ghleann-mhòr, 'n Gleann-Feisidh uaigneach,
Suas air fad an cluaintean glas',
Cluinnear sgal an fheadain bhuaireant',
'S àirde fuaim na 'n easan cas'.

Carbaid iaruinn ged is neònach,
'S neònaiche an lòd do shluagh—
Sràidean Lunnuinn air an taomadh
Mach air raointean an Taoibh-Tuath!

Sas'naich, Frangaich, spailp, 's luchd-turuis,
Ann an uidheam do gach lì!
Brigis fharsuinn, pòcan leathrach,
BròGan lainn'reach, 's osain shìod'!

'S anns 's gach uinneag carbaid maighdean
'G ràdh, 's i 'sealltuinn suas gu dian:
"'S ainmean neònach Carn-an-t-sabhail,
Beinn-mac-duthaidh, ‡ 's am Bràigh'-ria'ch!"§

---

* Sow of Atholl and Boar of Badenoch, two contiguous mountains, the one on the Atholl side, and the other on the Badenoch side of the hill of Druim-uachdair. † "Stand fast Craigellachie," is the war-cry of the Clan Grant. ‡ Beinn-muic-duibhe (?) § a' Bhraigh'-ria'ch (?)

'S beag an sgoinns' do'n bholtrach chùbhraidh
'Dh' éireas ùr o lus 's o chrann,
'S uillt a' ruith feadh ghleann gu fuaimneach,
'S tosdachd shòluimt' bhuan nam beann !

'S coma leò-san Loch-an-eilein,
Loch-nan-doirb, 's a dhaingneach liath,
'N Cuimeanach 'us 'euchdan gàbhaidh,
'S Faol-chu Bhàideanaich o chian.

O Chùirn-ghuirm ! 'Us thus', Bhràigh'-riabhaich !
Tilgibh sìos mu 'r creagan neòil,
Chum nach dean na daormuinn thruagha
Tarcuis air 'ur cruachan mòr'.

'Steudadh seach ! Chuinneadh Cuil-fhodair,
'N àit' gairm-chogaidh Threubh, an fhuaims' ;
Criothnaicheadh gach coill' mu'n Mhan'chuinn—
Dhruim, mu'n iadh gach àille, gluais-s' !

'Sìor-dhol tuath, a chaoidh cha srianar
Na h-eich iaruinn 'n an steud dheirg,
Gus am bòdhrar le an srannail
Creagan geala Rudh'-na-Feirg'.

'N fheudar buileach do na Gàidheil
Triall o 'n àrois 'measg nan gleann ?
'Chuid 's a chuid an saltair Sas'naich
Tur fo 'n casan Tìr nam beann ?

Fineachan a chean' air dìbreadh,
Ceòl na pìob' 'dol as gu luath ;
'M bàsaich tur á Tìr nan àrd-bheann
Gàilig àdhmhor aosd' nam buadh ?

"'S coma," 'deir thu, "ged a rachadh
Na seann chleachdaidhean air cùl,
Bheir an Triath gu buil tre 'n sgrios-san
Crìochan ris nach 'eil do dhùil !"

Feudaidh sin 'bhi; ach 'n toir Innleachd,
Le a h-ealdhain mhìn 's a snas,
Treun-laoich cholgarra nan àrd-bheann,
No 'n seann chàirdeas rìs air ais?

Ni h-eadh; ach dh' aindeòin am buannachd
Far an d' thig an cruaidh-ghaoir bhreun,
Dh' fhalbh gu tur a' bhuaidh 's an druidheachd,
'S cha bhi 'Ghàidh'ltachd chaoidh i féin!

Ach tha fathast glacan bruachach
'Dhùisgeas annam smuaintean àrd',
'S glinn gun àireamh nach do thruailleadh,
'S iomadh dìthreabh uamhalt fhàs;

Iomadh allt 'an coirean uaigneach,
Bho sheann fhuarain 'g éiridh suas,
'Taomadh 'n linnean dorch' an uisge,
'S caorann ruiteach air gach bruaich;

Iomadh loch, le creagan cuairticht',
'Tàmh gun bhruaillean 'measg nam beann,
Air nach d' thàinig slighe duine,
No fear-turuis fathast teann;

Iomadh sgòrr, mar iolair mhara,
Suas fa chomhair laidhe gréin',
Geal-cheannach le stùchdan cruachach,
'Beachdach' 'chuain 's nan Eilean céin.

Fàilnicheadh iad sin, 'us théid mi
Gu creig éigin 'measg nan stuadh,
'Mhealtuinn làn-shaors', gus an crochar
Drochaidean os-cionn a' chuain!

---

A. Sinclair, Printer, 62 Argyle Street, Glasgow.

## OH, NACH TILL THU RINN A RISD?

Tèarlach Og gu'n dh'fhalbh e bhuainn,
Tèarnta thall thair uchd a' chuain;
'S lionmhor cridhe, briste 'bhì'as,
Mar a till e rinn a rìsd.

Oh, nach till thu rinn a rìsd!
Oh, nach till thu rinn a rìsd!
Gaol ni's blàthaidh 'chaoidh cha bhì,
Na gaol nan Gàidheal dhuitse 'Rìgh.

As do Ghàidheil chuir thu d' earbs',
Dh'earb iadsan ruits' le deòin-bhàidh;
Rinn iad d'fhalach anns a' ghleann,
A' dùbh-shlan bàis no fõgraidh.

Oh, nach till thu rinn a rìsd! &c.

Pùicean Shasfhonn bha gun bhrìgh,
Ge bochd a tà, 's ge bochda 'bhì'as;
Cha cheannaich òr gu bràth an cridhe
'Tha 'bualadh blàth le gràdh do 'Rìgh.

Oh, nach till thu rinn a rìsd! &c.

D'fhaire rinn gu bèul na h-oidhch',
D'fhaire rinn gu glasadh soills';
Air dheich thair fhichiad mìle pùnnd,
Cha d'fhuaradh aon a bhrathadh thù.

Oh, nach till thu rinn a rìsd! &c.

Ge binn an smeòrach anns a' choill',
'Seinn le sòlas ri h-uchd soills';
'S aon-a cheol dhòmhs' a h-òran tiom,
"Thèarlaich Oig air 'h-ais nach till!

Oh, nach till thu rinn a rìsd!
Oh, nach till thu rinn a rìsd!
Gaol ni's blàthaidh chaoidh cha bhì,
Na gaol do Ghàidheal dhuitse 'Rìgh."

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

W. WILSON BINDER, EDINBURGH.